

[TD 1]

<eng>

CLARSACH SHIOIN.

THE

HIGHLAND HYMNAL.

BY THE

REV. N. MACNEILL, LL. D.

LONDON.

Glasgow:

ARCHIBALD SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

OBAN: DUNCAN CAMERON.

1886.

[TD 2]

ARCHIBALD SINCLAIR, GAELIC PRINTER,
62 ARGYLE STREET, GLASGOW.

[TD 3]

PREFACE.

I. The following pages contain (1) a selection from the English hymns in general use; (2) a few of the hymns used by the ancient Celtic Church; and (3) selections of verses from four of the native Gaelic hymn writers.

II. The most of the renderings are published for the first time. A few of them appeared in "BRATACH NA FIRINN" conducted by the writer, some twelve years ago, when the country was moved by the labours of the American Evangelists.

III. The Highlanders are a music-loving people; but various causes, especially in recent years, have conspired to prevent the circulation of hymns among them. It is pleasant to mark that these causes are now vanishing. A few years ago the author had a conversation with the late Rev. Dr. Kennedy of Dingwall, on the question, and received considerable encouragement to go on with the present work from that lamented and distinguished divine. This encouragement, emphasised by the kindly approval of other friends interested in the Highlands such as the Rev. Dr. Murray Mitchell, helped to keep the project, even in the midst of other exacting duties, before the writer's mind. These friends rightly judged that nothing could be more helpful towards the cultivation of a devotional spirit in the Highlands than the circulation of Gospel hymns. They were well aware that even the hymn-poems of Buchanan and Grant are not extensively read; and wished to see something new in a cheap form placed in the hands of our countrymen. The present little volume is a first instalment in that direction.

IV. It is hoped that these translations will be found idiomatic, natural, and fresh; and that the attempt to overcome the "fatal facility" of mere vowel rhymes has been fairly successful. These are almost the first Gaelic compositions in which accurate consonantal rhymes are observed throughout.

V. The author trusts that he will not be regarded as presumptuous in sending forth this effort among the Gaelic-speaking Highlanders. From the period of his very boyhood he has interested himself in Highland Hymnology. His heart has always been in the subject; and he has served a long and devoted apprenticeship to the attainment of what Wordsworth calls the "accomplishment of verse." Through the kindness of the Rev. Professor Blaikie, D.D., he has been enabled to give some account of Celtic Hymnology in THE CATHOLIC PRESBYTERIAN, in the articles "Hymns of the Highlands," and the "Latin Hymns of the Ancient Celtic Church," studies which have brought him into contact with the very heart and genius of the sacred music of his native land.

VI. The size and price of this little work bring it within the reach of all; and the prayer of the translator is that these sacred songs may become conduits of rich blessing to his Highland countrymen.

N. MACNEILL.

LONDON,
1st June, 1886.

[TD 4]

[Blank]

[TD 5]

CONTENTS.

	PAGE	
An C. Salm ("The Hundredth Psalm," in L.M.)	7	
Creag nan Al ("Rock of Ages.")	7	
Tha mi làn aoibh ("I am so glad.")		8
Guth Iosa ("I heard the voice.")	9	
Gu dé is ciall ("What means this.")		10
Nach milis uair ("Sweet hour.")	11	
A Pharrais Gaoil ("O Paradise.")	12	
Stiùir mi ("Lead, Kindly Light.")	13	
A mhàin tre ghràs ("Free from the law.")		14
Bualadh, bualadh ("Knocking, knocking.")		15
Sgaoileadh an t-Soisgeil ("From Greenland's.")		16
A' Bhunait ("Hymnum dicat.")	17	
Comunachadh ("Sancti Venite.")	18	
Athair ghràs-mhoir ("Noli Pater.")	19	
An Lighiche ("The Great Physician.")	20	
A' Mhuinntir Chaillte ("Rescue the Perishing.")		21
An Seann Sgeula ("I love to tell the story.")		22
Gléidh an Dùn ("Hold the Fort.")	23	
An Fhois Shìorruidh ("My rest is in heaven.")		24
Stiùradh Iosa ("He leadeth me.")	25	
Feuch an Gaisgeach ("He is coming."),	26	
Là an Tighearn ("This is the day.")		26
A Thighearn Ios' ("Again returns.")		27
Air sgàth an Tì ("Father, behold.")		28
Fad às o shaoghal ("Away from.")	28	
Eifeachd Fuil an Uain, P. Grant.	29	
Là a' Bhreitheanais, D. Buchanan.	30	
Aig Bruaich Iordain, Dr. Macdonald.		31
Parras, Macdougall.	32	
Sgaoileadh ("Dismiss us with Thy blessing, Lord.")		32

[TD 6]

[Blank]

[TD 7]

<gai>

CLARSACH SHIOIN.

1. AN C. SALM.

O molaibh Dia le aoibhneas mòr,
Gach sluagh tha chòmhnuidh feadh an t-saogh'il;
Thigibh le seirbhis ait 'na chòir,
An làth'ir a ghlòir a' seirm a ghaoil.

An Tighearn is e Dia gu fìor;
Se 'n Tì a chruthaich sinn 'na ghràdh;
Tha sinn 'nar n-oighreachd dha gu sìor,
A chaoraich ni e dhìon gach tràth.

Rachaibh a steach 'na dhorsa grinn
Le buidheachas a' seinn a chliù;
A steach 'na chùirt le òran binn
Ainm molar leinn le ceòl nach mùth.

Ar Tighearn Dia! Tha math 'na dhàil;
Tha thròcair sìor 'na sgàil nach claoidh;
Tha fhìrinn seasmhach do gach àl;
Is buadhach anns gach àit a chaoidh.

2. CREAG NAN AL.

<eng>("Rock of Ages.")<gai>

Sgoilte dhomhs', a Chreag nan Al!
Foluicheam mi féin a' d' dhàil!
Biodh an t-uisge is an fhuil
Shruth o d' thaobhaibh ciùirt' mar thuil
Leigheas luibhre gach droch bheirt;
Glan mi o a ciont' 's a neart.

[TD 8]

Cha toir saoth'ir mo làmh gu beachd
Riar do iarrtuis dhian do reachd;
Ged bhiodh m' eud gun fhois a ghnàth,
Is mo dheòir a' ruith gu bràth
Sud cha deanadh réit' do Cheart;
Saorar leatsa mhàin le d' neart.

Tha mi teachd gu falamh, fann,
Mhàin a' greimeach ris a' Chrann:
Lomnochd teicheam fo do sgàil!
Anmhunn, ruigeam Neart nan Al!
Salach, iarram sruth nan gràs!
Glan mi, Ios', oir gheibh mi bàs!

Fad 's a mhaireas m' anail beò,
'N uair a bheir mi suas an deò,
'N uair a thogar mi le d' chli
T' ionnsuidhs' air do chathair-rìgh,
Cuir do dhìon orm Chreag nan Al,
Foluicheam mi féin a' d' dhàil!

3. THUG IOSA DHOMH GRÀDH.

<eng>("I am so glad.")<gai>

Tha mi làn aoibh gu 'm bheil Athair na Glòir
Ag innse 'na Leabhar mu ghràs air son fòir;
Measg nan ni luachmhor tha 'm Bìobull ag ràdh
So 'n t-aon a's mils' gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh.
Tha mi làn aoibh gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh,
Ios' thug dhomh gràdh, Ios' thug dhomh gràdh, dhomhsa gràdh.

Ged ni mi air dìchuimhn' 'sa thriallas mi cli
A ghaol tha 'g am leantuinn 's gach àit 'sam bi mi;
Phillinn gu ghàirdeanan gaoil agus àigh
'Nuair dh' éireas a'm' chuimhn' gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh.

[TD 9]

O! ma tha aon òran ann ni mi sheinn
'Nuair chì mi A Mhòrachd 'na Mhaise ro ghrinn,
So bidh 'na òran gun chrìch leam gu bràth,
"O 'n t-ioghnadh mòr gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh!"

Thug Iosa dhomh gràdh is tha gràdh agam dhà
'Se ghaol chuir gu 'n d' fhuiling e 'm bàs air mo sgàth;
'Se ghaol thug a nuas e a m' shaoradh o chràdh—
O tha mi cinnt' gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh!

Ma dh' fheòraicheas neach dhiom cò dh' innis an sgeul?
Glòir bhi do Iosa chuir esan an céill;
A Spiorad tha cagar le m' spiorads' gach tràth,
Toirt fianuis nach meall, gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh.

'San dearbh-bheachd so fhuair mi fois shòlasach fhìor;
Tha m' earbsa á Iosa nach tréig mi gu sìor;
Tha Satan a' teicheadh o m' anam fo sgàth.
'Nuair chanas mi ris, gu 'n d' thug Iosa dhomh gràdh.

4. GUTH IOSA.

<eng>("I heard the voice.")<gai>

Guth Iosa chuala mi ag ràdh,
"Thig làimh rium, thus' tha fann;
Gabh fois is leag air m' uchd a sìos,
Air m' uchd leag sìos do cheann!"
Gu Iosa thàinig mi mar bha,
Sgìth, claidhte, làn do leòn;
Is fhuair mi gu'n robh aoibhneas Ann,
Is fois nach gann o bhròn.

Guth Iosa chuala mi ag ràdh,—
"Feuch so an t- uisge beò;

Crom, òl gu saor is dùisg o'n bhàs,
'S na biodh ort tart ni 's mò"
Gu Iosa thàinig mi is dh' òl
Do'n amhain bheò bhithbhuan;
Is dh'fhalbh mo thart, fhuair m'anam treòir;
'S a nis mi beò tre 'n Uan.

[TD 10]

Guth Iosa chuala mi ag ràdh,—
"O seall air m' aghaidh ghaoil;
Is deàrsadh mhadainn shoills' thig ort,
Oir 's mise grian an t-saogh'il.' '
Air Iosa sheall mi agus fhuair
Mi ann mo reul 's mo ghrian:
'S tre 'n t-solus bheò ud stiùraidh e
Mo cheum o rib 's o lion.

5. GU DE IS CIALL.

<eng>("What means this.")<gai>

Gu dé is ciall do'n deifir chruaidh,
Do'n iomagain mhòir so 'm measg an t-sluaigh?
Na cruinneachaidh so o là gu là
A' dian-ruith seachad orm gach tràth?
Am freagradh fann tha aig gach neach,
"Tha Ios' o Nàsaret dol seach."

Cò e an t-Iosa so? An géill
Am baile mòr mar so d' a sgeul?
An urrainn coigreach aig a mhiann
An sluagh a ghluasad fo a rian?
Gheibh thu a rìs am beul gach neach,
"Tha Ios' o Nàsaret dol seach."

Iosa! A bha aon uair a bhos
Air slighe dhaoin' measg bròin gun chlos;
Thugadh d' a ionnsuidh, 's iad 'nan teinn,
A' mhuinntir bhodhar, bhacach, thinn.
'Sa' ghlaodh na doill ghabh tlachd gach neach,
"Tha Ios' o Nàsaret dol seach."

Thig e a ris! A lorga naomh
Chì sinn o àit gu àit gach taobh.
A cheuman aig ar starsnaich cluinn,—
Seadh,—tha e steach is fanaidh leinn.
Nach seinn sinn le mòr aoibh gach neach,
"Tha Ios 'o Nàsaret dol seach."

[TD 11]

O! thigibhs' tha le 'r n-uallach sgìth!
So math'nas, dachaidh, fois, is sìth.
A sheachranaich o'r n-Athair caomh
Pillibh is glacaibh fhàbhar naomh.
A mhuinntir bhuairt', so dìon gach neach,
"Tha Ios' o Nàsaret dol seach,"

Ach fath'st a ghairm ma dhiùltas sibh,

'S mi-bhuil d' a ghràdh ma nithear leibh,
Pillidh e duilich uaibh gu geàrr,
'S e air bhur n-ùrnuigh dheur a' tàir.
"Ro anmoch!" bidh bhur glaodh 's sibh mach-
"Tha Ios' o Nàs'ret air dol seah!"

6. UAIR NA H-URNUIGH.

<eng>("Sweet hour.")<gai>

Nach milis uair na h-ùrnuigh ghaoil!
A ghairmeas mi o chlaoidh an t-saogh'il,
Tromhadsa innseam na tha m' dhìth
Do m' Athair air a chathair-rìgh:
'Nuair bha mi 'n teinn agus ri bròn
Fhuair m' anam annad saors' o leòn!
'S tric chaidh mi às o rib an t'saogh'il,
'Nuair phill thu rium, O Uair a' ghaoil.

Nach milis uair na h-ùrnuigh ghaoil!
Do sgiath bheir m' iarrtus suas gu faoil
A dh'ionnsuidhsan tha dìleas dlùth
Do 'n anam dh' fheitheas air le h-ùigh;
O'n dh'iarr e orm a bhi an sàs
'Ga iarraidh Féin, is earbs' á ghràs,
Nis tilgeam air gach claidh mu sgaoil,
Is feitheam riuts', O Uair a' ghaoil!

[TD 12]

Nach milis uair na h-ùrnuigh ghaoil!
Le t' fhurtachd fòir orm ré mo shaogh'il,
Gu 'n gluais mi o Bheinn Phisgah uain'
A' faicinn thall mo dhachaidh bhuaibh.
An sgàile feòl' so fàgaidh 'm dhéigh
Is paisgear mi 'n deis' glòire Dhé;
'S mi 'g éigheach suas troimh speur an t-saogh'il,
Slàn leat, slàn leat, O Uair a' ghaoil!

7. A PHARRAIS GAOIL.

<eng>(O Paradise!)<gai>

A Pharris gaoil! A Pharris gaoil!
Nach aobhach leinn do ghlòir?
Nach beannaicht' iad a dh' fhàg an saogh'l,
Gach aon bha ortsa 'n tòir?
Far bheil gach cridhe fìor
An soillse Dhé fo bhlàth;
Aig fois an sòlas sìor
Fo ghnùis an Rìgh gu bràth.

A Pharris gaoil! A Pharris gaoil!
Tha 'n saoghal sean le cràdh:
O cò nach iarradh saorsa shuas
Far nach tig fuachd air gràdh?
Far bheil gach cridhe fìor
An soillse Dhé fo bhlàth;
Aig fois an sòlas sìor
Fo ghnùis an Rìgh gu bràth.

[TD 13]

A Pharrais gaoil! A Pharrais gaoil!
'Se naomhachd glaodh ar cri;
Bhi glan air thalamh mar air nèamh,
An lànachd sgèimh is sith.
Far bheil gach cridhe fìor
An soillse Dhé fo bhlàth;
Aig fois an sòlas sìor
Fo ghnùis an Rìgh gu bràth.

A Pharrais gaoil! A Pharrais gaoil!
Is caomh leinn a bhi shuas,
'S na h-àrois ud a thog ar Rìgh
Le innleachd gràidh, 's le truas.
Far bheil gach cridhe fìor
An soillse Dhé fo bhlàth;
Aig fois an sòlas sìor
Fo ghnùis an Rìgh gu bràth.

A Pharrais gaoil! A Pharrais gaoil!
Tha làithean claon 'gar claidh:
Le Iosa féin 'se 's miannach leinn
Bhi seinn 'na chòir a chaidh.
Far bheil gach cridhe fìor
An soillse Dhé fo bhlàth;
Aig fois an sòlas sìor
Fo ghnùis an Rìgh gu bràth.

8. STIUIR MI.

<eng>("Lead, Kindly Light.")<gai>

Stiùir mi, a sholuis chaoin, 's an dùmhladh dhall,
Stiùir Féin mi suas;
Tha 'n oidhche dorch', 's mi fad o m' dhachaidh thall,
Stiùir Féin mi suas:

[TD 14]

Gléidh dhomh mo chas; cha 'n iarrar leam bhi leum
Gu astair chéin; 's leòir leam 's an àm aon cheum.

Cha robh mi ghnàth mar so ag asluch' iùil
A m' stiùradh suas;
Thagh mi mo shlighean féin; ach nis fo d' shùil,
Stiùir Féin mi suas:
Ghlac uaille mo thoil, 's mi roghnach' sòlais fhaoin:
Na cuimhnich Thusa ciont' nam bliadhna claon.

Bheannaich do neart mi gus a so, 's mi fann,
Stiùir Féin mi suas;
Troimh'n oidhch' thar monadh, creag, is allt's a' ghleann:
Seall Féin a nuas
Measg aghaidh fhaoidh ainglean mach á glòir,
D'an d' thug mi gràdh o chian, 's a rinn orm fòir.

9. A MHAIN TRE GHRAS.

<eng>("Free from the law.")<gai>

Saoirte o'n lagh, O 'n suidheachadh sona!
Dhòirt Crìosda fhuil, 's tha math'nas innt' dhuinne!
Malluicht' o'n lagh, aig peacadh an sàs,
Saorar le Crìosd a mhàin tre ghràs.

Crìosd a' gairm, O pheacaich, bi géilleadh!
Crìosd a' seirm, O bhràth'ir, creid an sgeula!
Lean ris a' Chrann, 's théid t' anam á càs
Saorar le Crìosd a mhàin tre ghràs.

[TD 15]

Dìteadh cha tig-nis tha sinn á daorsa,
Fhuaradh le Iosa iomlanachd saorsa:
"Thigibh a M' IONNSUIDHS'"—gairm ort o'n bhàs;
Thig 's gheibh thu slàint' a mhàin tre ghràs.

Sibhse, "Clann Dé!" O 'n dàimh àrd ro ghràs-mhor!
'S cinnteach a ghràs a'r dìon o'n t-sligh' bhàsmhoir!
Triall às a dhéigh gu beatha o bhàs,
Teàrneadh bhios sìor a mhàin tre ghràs.

10. BUALADH, BUALADH; CO A TH' ANN?

<eng>("Knocking, knocking.")<gai>

Bualadh, bualadh; cò a th' ann?
Feitheamh, feitheamh 'n glòir nach gann!
Tha Fear-turuis coigreach rìoghail,
Leith'd cha'n fhacas roimhe riamh;
M' anam éirich, fosgail faolaidh;
Faic am braon a th' air a chiabh.

Bualadh, bualadh; sud an Rìgh;
Feitheamh, feitheamh, caomh an crì;
Ach tha 'n dorus duilich fhosgladh,
Oir tha eigheann 's luidhean teann
Le am meanglain dhorch' gun mhosgladh
Naisgte mu na boinn 's mu'n chrann.

Bualadh; sud an Slànuighear caomh
Feitheamh fathast àillidh naomh;

[TD 16]

Fath'st tha làmha loite bualadh,
'S chì thu fo a chrùn a's fiù
Dealradh foighidneach a shùilean
Tha cho ciùin 's e feitheamh dlù.

11. CRAOBH-SGAOILEADH AN T-SOISGEIL.

<eng>("From Greenland's.")<gai>

O bheannta Tìr na fuarachd,
'So bhruaich na h-Induis mhòir;
'S o Africa nam fuaran
O'n gluais a' ghaineamh òir;

O iomadh amhain aosda
'S o raointibh nam pailm-chrann,
Tha gairm againn a shaoradh
Chinn-dhaonn' o mhearachd teann.

Ged shéideas gaothan spisreach
Air Céilon, I nam buadh,
'S gach sealladh eile riomhach
Tha dhaoine millte truagh:
Tha tiodhlac' Dhé an diomhain
Gu lionmhor air gach taobh:
Tha'n cinneach dorcha fiat' ud
Le diathan chlach is chraobh.

'N dean sinne fhuair ar sùilean
Tre ghliocas iùil o shuas
An lòchran beath' a dhiùltadh
Do'n dream tha 'n duibhr' gun truas?

[TD 17]

An t-Slàinte!—O an t-Slàinte!
An sgeul ro àghmhor seirm,
Gu'n cluinnear leò 's gach àite
Messiah ghràidh 'gan gairm.

Sgaoil, sgaoil, O ghaoth an sgeula,
A thuil ruith réis gu teann,
Gu'm bi e mar chuan éibhnis
Mu'n ché o cheann gu ceann:
Gu'm bi an t-Uan chaidh ìobradh
A' ciosnachadh gach crì,
'S na h-uile Dha a' strìochdadh
Mar Shlànuighear 's mar Rìgh.

12. A' BHUNAIT.

<eng>("Hymnum dicat.")<gai>

O Chrìosd is Tus' am Facal fìor
A thàinig mach o chridhe Dhé!
Is Tu an t-slighe dhuinn gu sìor;
Is Tu an Fhìrinn feadh gach ré.

An iarmad Iesse fhuair Thu freumh;
Is Tu an Leòghan is an t-Uan;
Deas-Làmh an Athar tha air nèamh;
Is theirear riut a' Bheinn tha buan.

Is Tu Chlach-oisin anns an stéidh;
Céile is Calman caomh do shluaigh:
Am Buachaill air am bheil ar déigh,
Ar Rathad soills' troimh bhàs is uaigh.

[TD 18]

'S na Fàidhibh gheibhear sgeul do theachd,—
Do bhreith ad Chìochran maoth is seàmh;
Na saoghail chruthaicheadh le d' reachd;
'S Tu tùs nan uile, Cruithear Nèimh.

An talamh shocruich Thu le d' chli;
'S Tu thionail uisge mòr a' chuain;
'S Tu Cruithear treun nan uile ni
A dh' òrduich Dia le lagh bith-bhuan.

13. AN COMUNACHADH.

<eng>("Sancti Venite.")<gai>

Thigibh dlù a mhuinntir chaomh;
Gabhaibh corp an Tighearn naoimh;
Olaibh d'a fhuil naomh le gràdh
A ni saor o chiont 's o chràdh;
Saor troimh chumhachd Chrìosd o'n bhàs;
Thugaibh glòir do Dhia nan gràs.

Slàinte thàinig Leis do'n t-saogh'l
Troimh chrann-ceusaidh Mac a Ghaoil;
'S e Immanuel gu sìor
Sagart àrd, an Iobairt fhìor;
Iobairtean bha ann fo'n lagh
Fhuair an ceusadh Ios' an seadh.

A fhartair na soills', 's an iùil
Leisuir slàint' air son gach dùil;
Leis-san thàinig àgh is aoibh,-

[TD 19]

Fìrinn agus gràs d'a naoimh;
Thigibh dlù le cridhe blàth;
'S gheibh sibh slàint' is dìon gu bràth.

Buachaill is Fear-dìon a shluaigh
A thug dhoibh a' bheatha nuadh;
Bheir e dhoibh an t-aran fìor,
Uisge beò o'n Tobar shìor;
Alpha 's Omega nan gràs,
'S e bheir breith an déigh a' bhàis.

14. ATHAIR GHRASMHOIR.

<eng>("Noli Pater.")<gai>

Athair ghràsmhoir! Rìgh an cruinne!
Gléidh do thruaghain anns gach sìon:
'Suamhasach do chaithream dhuinne;
Anns a' chunnart dean oirnn dìon.
Chuir do cheuman soluis fiamh oirnn
Nuair a thriall Thu seach ar taobh;
'S chuir do ghluasaid nèamhaidh sgiamh oirnn,
Cuairtiche le ainglibh naomh.

Iosa ghaolaich! Tha na nèamhan
A' toirt sgeula air do chliù:
Rìgh nan rìghrean! Freumh nam freumhan,
Gràdh gach seircein creidmhich Thu.
Tha do cheumansa troimh 'n dealan;
'S cli is ceartas roimh do ghnùis,

O'n tig neart tha beò is fallan
A chruth-ath'rraicheas gach cùis.

[TD 20]

Spioraid Naoimh! Loisg uainn ar lochdan:
Seall dhuinn Crìosd an t-Uan gun bheud,
Mar a nochdadh e do bhochdan
Leis a' Bhaisteach làn do eud.
Tha do lasair ghaoil am chridhe,
Glèidhteach mar bhios seudan òir;
'S bidh do stiùradh air mo shlighe
Gus am faigh mi steach a' ghlòir.

15. AN LIGHICHE MOR.

<eng>("The Great Physician.")<gai>

Tha iocshlaint aig an Lighich' Mhòr;
Tha tròcair 's truas an Iosa!
Tha slàinte ann nach ceannaich òr;
Tha sòlas an guth Iosa!

Sud an teud is mils' an glòir;
Sud am fonn th' aig aingle mòr;
Sud an t-ainm a ni oirnn fòir:
Iosa beannaicht', Iosa!

Do pheacadh maithidh E 'na ghaol:
O éisd ri caomh ghuth Iosa!
An sìth bi 'g imeachd suas tre 'n t-saogh'l
A dh' fhaotainn crùn le Iosa!

O mol an t-Uan thug dhuinn a' bhuaidh:
Tha m' earbs' gach uair an Iosa!
A chliù bidh mi gach là a' luaidh,
'S mo ghràdh cho buan do Iosa!

[TD 21]

'Na ainmsan ni mi oidhirp dhian,
'S mo chridhe 'g iarraidh Iosa!
Is O, tha m' anam làn do mhiann
Air aghaidh sgiamhaich Iosa!

16. A' MHUINNTIR CHAILLTE.

<eng>("Rescue the Perishing.")<gai>

Feuch na tha bàsachadh,
Deifrich an saoradh;
Spìon iad a daorsa a' pheacaidh 's na h-uaigh:
Caoidh leis na seacharain;
Tog suas an dìblidh;
Innis mu Iosa, Fear-saoraidh le buaidh.

Feuch na tha bàsachadh,
Deifrich an saoradh,
'Se Iosa ni teàrnadh,
Tha Iosa làn truais.

Iadsan rinn dìmeas air
Feuch tha e 'g iarraidh,-
'G iarraidh nan deòraidh a sheòladh á cràdh:
Tagair riu dùrachdach,
Tagair riu caomhail,
'S maitheanas saor do gach aon bheir dha gràdh.

Shìos anns a' chridhe thruagh,
Brùite le buaireadh,
Freumhan tha fuaighte dh'ath-nuadhaicheas gràs:
Gleus iad le tairiseachd,
Dùisg iad gu caoimhneil,
Còrdan an aoibhnis a bhris anns a' bhàs.

[TD 22]

Feuch na tha bàsachadh,
Greas chum an saoraidh,
Neart ann ad shaothair thig saor dhuit gu buan:
Tog suas le foighidinn
Bròin tha 'nan sìneadh:
Innis do'n dìblidh mu ìobairt an Uain.

17. AN SEANN SGEULA.

<eng>("I love to tell the story.")<gai>

Is toigh leam féin an Sgeula
Mu nithe nèamhaidh shuas;
Mu Ios' 's mu'n ìobairt-réite,
Mu mheud a ghaoil 's a thruais.
Is toigh leam féin an Sgeula
A chionn gu'm bheil e fìor;
'Se riarraicheas m' uil' fheuman
Le lànachd spéis gu sìor.

Is toigh leam féin an Sgeula:
Bidh mi 'ga sheinn 's na nèamhan:
An sud fhuair mise seula
Air Iosa féin, 's a ghràdh.

Is toigh leam féin an Sgeula;
Mu ghnè a' bhaile naoimh;
Mu ghlòir an Tì chaidh cheusadh,
Mu sgèimh a phearsa chaoimh.
Is toigh leam féin an Sgeula;
Mu Iosa air a' chrann;
Mu mheud a chumhachd teàrnaidh,
'S mo chridhe fàs cho fann.

[TD 23]

Is toigh leam féin an Sgeula;
Mu'n Tì a choisinn buaidh;
A fhuair dhomh slàint' 's mi euslan,
A cheannsaich bàs is uaigh.
Is toigh leam féin an Sgeula;
'Sna briathra sèamh is caomh;
Bheir e gu m' anam éibhneas

Le seul' an Spioraid Naoimh.

Is toigh leam féin an Sgeula:
Na chreid ann fhuair iad fois;
Bidh tart orm bhi 'g a éisdeachd
Cho fad 's a bhios mi bhos.
Bidh e 'n a òran nuadh dhomh
Air cluanaibh réidh na glòir';-
An Seann Seann Sgeula luachmhor
Dh' an d' thug mi luaidh cho mòr.

18. GLEIDH AN DUN.

<eng>("Hold the fort.")<gai>

Seallaibh suas! sud Bratach aobhach
Sgaoilte ris na neòil:
Cuideachadh a' tigh'nn an sealladh
Caithreamach le ceòl.

"Gléidh an Dùn tha mise tighinn,"
Sud tha Iosa 'g ràdh:
Suas le suaicheantas an fhreagairt,-
"Gleidhidh sinn tre ghràs!"

Feuch na naimhdean guineach làidir,-
Satan air an ceann:
Tha fir threun a' tuiteam cràdhete,
'S tha ar misneach gann.

[TD 24]

Feuch a Bhratach-san a' teannadh:
Cluinn na stuic a' gairm:
Bidh sinn buadhach tre ar ceannard:
Caithear nàimh le 'n airm.

Dian is dìogh'ltach tha an còmhrag
Ach ar seòid tha cruaidh:
Dlùth dhuinn tha ar Ceannard glòrmhor;-
Suas le òran buaidh!

19. AN FHOIS SHIORRUIDH.

<eng>("My rest is in heaven.")<gai>

'S ann shuas a tha m' fhois, cha' n' eil m' fhois anns a' ghleann;
'S c'arson bhios mi gearan 'sna buairidhean teann?
Bi sàmhach, O m' anam! ged 's cruaidh ort am beum
Tha trioblaid gach latha a' giorach' do cheum.

O 's diomhain an obair, 's an togail gun stà!
Th' aig dòchas 's an t-saoghal, 'se caochladh gach tràth:
Tha m' earbs' ás a' Bhunait nach caraich 's nach claon
Fo bhaile nan naomh nach do thogadh le daoine'.

Ged dh' iadhas an draigheann 's an cluaran mu m' chois
Air ròsan an t-saoghail cha ghabhar leam fois:
Cha'n iarr mi ann cuibhrionn no crannchur nach gluais
Gus an ruig mi uchd Iosa 's an dachaidh tha shuas.

'S na h-uisgeachan searbha cha leig e mo chall:
'Nan déighsan bidh Pàrras ni's milse dhomh thall:
Gach ni thig am rathad an aoibhneas no 'm bròn
Mo shonas bidh làn 'n uair a leighiseas e'n leòn.

[TD 25]

Le Criosda 'nam chridhe, le Fhacal 'nam làimh,
Mo chasan tha 'n deifir troimh fhearann an nàimh:
Is garbh 's mar tha'n t-slighe cha 'n fhada gu ceann,
Is triallam gu buadhach gach latha troimh 'n ghleann.

20. STIURADH IOSA.

<eng>("He leadeth me.")<gai>

'S E-féin a bheir dhomh neart is iùil;
Tha sòlas dealrach dhomh 'na shùil;
'S gach àite anns am faigh mi tàmh
Tha mi an glacadh caomh a làmh.
'S E-féin bheir gràs, 's E-féin bheir treòir,
'S E-féin a shiabas uam mo dheòir.

'Na uairean ann am dhoimhne thruaigh,
Is mi ri bròn aig beul na h-uaigh,
Is m' anam bochd gun ghràs gun treòir,
'S e Iosa shiab air falbh mo dheòir.

A Thighearn glacar leam do làmh,
'S air uchd do ghaoil ni mise tàmh:
Is chithear leam gu ceart do ghlòir
'N uair shiabas Ios' air falbh mo dheòir.

'N uair chrìochnaicheas an réis a bhos,
'N uair théid mi steach fa-dheòidh do chlos,
Saor o na h-uilc bha orm an tòir,
'S e shiabas uam gu tur mo dheòir.

[TD 26]

21. FEUCH AN GAISGEACH.

<eng>("He is coming.")<gai>

Feuch an Gaisgeach! teachd gu buadhor
Nuas o àirde glòir;
Teachd le saorsa chum nan truaghan
Tha san uaigh gun treòir.

Seinnear: "glòir do Dhia 'sna h-àirdibh,
'Sair an talamh sith!"
So an t-seirm bhios sinn a' seinn Dha,-
"Leannar leinn an Rìgh!"

Seall air Iosa aig an amhain;
MÒRACHD Dhé 's an fheòil;
Faic an caochladh anns an athar,-
Fosgladh anns na neòil.

Feuch tre 'n sgoltadh anns na neamhan

Spiorad Dé a' teachd:
'S cluinn an t-Athair: "Mo Mhac Gràdhach
Anns am bheil mo thlachd!"

22. LA AN TIGHEARN.

<eng>("This is the day when Christ arose.")<gai>

'S e so an là 's an d' éirich Crìosd
A nìos gu moch o'n uaigh:
C'arson a' chaithinns' e mi-naomh
Gun smaointean air a' bhuaidh?

[TD 27]

'Se so an là a bhristeadh Leis
Bainn ifrinn is a' bhàis:
Fo chuing an Nàimh an gabh mi fois
Gun iarrtus an déigh gràis?

Bidh m' aoradh truaillidh agus faoin
Mur tig, Thu, Spioraid Dhé,
Gu m' anam bheothachadh le gaol
Do nithe naomh an Tréith.

Thoir orm gu'n gabh mi tlachd bhios mòr
'N ad là os cionn gach là;
Gu'n seachain mi gach aon do'n t-seòrs'
Nach coimhead e le gràdh.

23. LAOIDH MHADAINN.

<eng>(L.M. Tune.)<gai>

A Thighearn Ios'! nach mòr do ghràdh!
Do mhaitheas dhomh tha ùr gach là:
Do thròcair pailt tha teachd a nuas:
Mar fhrasa sèamh tha braon do thruais.

A Spioraid Naoimh! d'an léir gach dùil,
Sgap Féin an dorchadas o m' shùil:
Ath-bheothaich mi a mach á m' shuain;
Is dean mi glan am fuil an Uain.

O Athair chaoimh! gabh Féin gach buaidh,
Gach là an taobh a bhos do'n uaigh:
Oir tha do mhaitheas dhomh thar smaoin
Do ghineil aingidh chlann nan daoin'.

[TD 28]

24. LAOIDH FHEASGAIR.

<eng>(CM. Tune.)<gai>

Air sgàth an Tì d' am bheil do ghràdh,
A Dhé gabh dhiomsa truas:
Mar iobairt fheasgair ann ad làth'r,
Nis éireadh m' ùrnuigh suas.

Tre chunnarta an là gu léir,

Do ghnùis rinn dhomhsa iùil:
Ad shaibhreas fhritheal Thu air m' fheum,
Is m' easbhuidh chuir air chùil.

O dòirt gu pailt do ghràs a nuas,
Is dean mi nuadh às ùr:
Thoir dhomh beò chreideamh anns an Uan,
A thogas suas o'n ùir.

Mar sin air m' ùrach' á do stòr
Luidheam gu fòil an suain;
Is innleachd nàmh cha tig a m' chòir,
'S mi 'n uchd a' Ghràidh bhith-bhuain.

25. AN DACHAIDH SHUAS.
<eng>(C.M. Tune.)<gai>

Fad às o shaoghal dorch' an deòir
'Sam bheil ar còmhnuidh bhos,
Tha righeachd sgiamhach, shìorruidh, mhòr
Tha làn do ghlòir, 's do fhois.

Cha bhi ann là is oidhch' ma seach,
No grian le teas ro dhian;
Ach o a shùil thig deàrs' a mach
Is dealraiche na ghrian.

[TD 29]

Ocras no tart cha bhi an sin,
No uireasbhuidh ni's mò:
Tha Manna nèamhaidh ann gun chrìch,
'San t-uisge fìorghlan beò.

Cha bhi aon ghearan ann gu bràth
Air tinneas, cràdh, no claoidh:
Tha slàint' neo-bhasmhor ann fo bhlàth,
Is sonas àrd a chaoidh.

An sin bidh eòlas agus gaol,
A' dusgadh ciùil ro bhinn;
Is togar ann do'n Trianaid naoimh
Ard luathghair feadh gach linn.

A Dhé thoir orms gu'n strìochd mi tràth
Do d' shoisgeul gràs mhor caomh,
A chum tre Chrìosd 'nuair thig am bàs
Gu'm meal mi d' àros naomh.

26. EIFEACHD FUIL AN UAIN.

O! 's ann tha 'n éifeachd am fuil an Uain;
A chum ar n-euceartan ghlanadh uainn;
Ach 's bochd an sgeul a ta nis ri leughadh,
Nach 'eil spéis dhi a réir a luach.

Tha daoine gòrach air seòl no dha;
Cha'n àill leo dòchas a chur 'na bhàs;

Bidh iad gun seòladh, a dhiobhail eòlais,
Air 'n fhuil chaidh dhòrtadh a chum ar slàint'.

'San dream thug spéis da cha dean iad uail;
O'n is e chaidh cheusadh an àit' a shluaigh;
Cha'n ann diubh féin a fhuair iad an réite,
Ach leis an éifeachd bha 'm fuil an Uain.

[TD 30]

Is 's e féin do'n éigin an cumail suas
Air uair thig deuchainnean iomadh uair;
Tha mheud do thruailleachd ag iadh' mu'n cuairt doibh
'S nach fhaigh iad buaidh ach le fuil an Uain.

Tha daoine saoghalt' an gaol gach uair,
Is ann air na caoraich a thaobh a'n Uain;
'S tha 'n leòghan beucach a ghnàth a' saothreach,
Dh' fheuch cò dh' fheudas e shlugadh suas.

O fanaibh dlùth chum 's nach toir e buaidh;
Na tugaibh géill dha is théid e uaibh;
'S a shaighdean teinnteach ni sibhse mhùchadh
O'n rinn sibh cùmhnant le fuil an Uain.

27. LA A' BHREITHEANAIS.

<eng>(L.M. Tune.)<gai>

Air meadhon oidhch' 'nuair bhios an saogh'l
Air aomadh thairis ann an suain;
Grad dhùisgear suas an cinne-daonn'
Le glaoth na trompaid 's àirde fuaim.

Air neul ro àrd ni fhoillseach' féin
Ard-aingeal treun le trompaid mhòir;
Is gairmidh air an t-saogh'l gu léir,
Iad a ghrad éiridh chum a' mhòid:

"O cluinnibhi uile chlann nan daoin',
Nis thàinig ceann an t-saogh'il gu beachd;
Leumaibh 'n 'ur beatha sibhs' tha marbh,
Oir nis gu dearbh tha Ios' air teachd."

Is séididh e le sgal cho cruaidh
'S gu'n cuir e sléibhte 's cuan 'nan ruith;
Is clisgidh na bhios marbh 's an uaigh,
Is na bhios beò le uamhunn crith.

'N sin cruinnich' e gach cas is làmh
Chaidh chur 's an àraich fad o chéil';
'S bidh farum mòr am measg nan cnàmh,
Gach aon diubh dol 'nan àite féin.

[TD 31]

Mosglaidh na fìreanaich an tùs,
Is dùisgear iad gu léir o'n suain;
An anman tùirlingidh o ghlòir,
'Gan còmhachadh aig beul na h-uaigh.

Le aoibhneas togaidh iad an ceann;
Tha àm am fuasglaidh orra dlùth;
Is mar chraoibh-mheas fo iomlan blàth,
Tha dreach an Slànuigheir 'nan gnùis.

28. AIG BRUAICH IORDAIN.
("Se fulangas mo Shlànuigheir.")

Tha 'n fheòil a' crith, 's cha 'n ioghnadh e,
Dol sìos gu Iordan bàis;
Tha sgàil na h-oidhch' ag iadhadh orm,
'S tha cianalas a' fàs;
Oir 'se tha romham sìorruidheachd
Nach tomhais grian no là;-
An cuan a ta neo-chrìochanach,

Gum ìochdar ann no tràigh!
Ach tha mo shùil ri Slànuighear
Bha gràs-mhor fad mo chuairt;
'Sa threòraich troimh an fhàsach mi,
Nach fàg e mi 'san uair;
Ach fòs gu'n dean e teasairginn
Dhomh féin 'san t-seasamh chruaidh,
'S gu'n sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,
Gu ruig mi null le buaidh.

Ach O! 'm faigh neach cho gràineil rium,
'S do nàdur cho mi-naomh,
A chaidh a steach 'n a làthair-san
Tha àillidh glan gun ghaoid?
Ach glanaidh fuil an t-Slànuigheir
Mo ghràinealachd gu saor;
Is gheibh mi 'n sin do 'n àros ud
'Sam bheil muir-làn a' Ghaoil.

[TD 32]

29. PARRAS.

Cha'n iarr iad solus coinnle,
'Gan treòrach' feadh na h-oighreachd:
An t-Uan bidh dhoibh 'na shoillse;
'San oidhch' cha tig gu bràth orr'.

Tha craobh na beatha fial doibh;
Is toradh nuadh gach mìos oirr';
Is milis dhoibh mar bhiadh i,
O'n mhiannaich iad fo sgàile.

Bhos chuir iad sìol gu deurach;
Shuas buainidh iad le éibhneas;
Gur sgiamhach iad 'nan éideadh:
Mar ghréin tha iad a' dealradh.

Bhos chaith iad beatha shònruicht',
Tre chreideamh an Iehòbhah;
Nis chì iad e 'na mhòrachd,
'S 'na òirdhearcas mar tha e.

A nis tha iad neo thruaillidh
O'n dh' ionnlaid fuil an Uain iad:
'Nan smuaintean cha tig buaireadh:
'S cha bhudhaich orra Sàtan.

30. SGAOILEADH.

<eng>("Dismiss us with Thy blessing, Lord.")<gai>

A Thighearn biodh do bheannachd leinn;
Do chòmhnaidh anns gach ceum is teinn:
Thoir maitheanas dhuinn anns gach lochd;
Gléidh T' fhìrinn beò an crì nam bochd.

Tha ciont' oirnn trom, ach 's mòr do ghràs:
Thoir saorsa do gach neach an càs:
Is crath fuil Iosa air gach crì;
'S thoir dhuinn air fad bhi falbh an sìth.

<eng>END OP PART FIRST.<gai>